

GAIRM GU ÙRNAIGH: Latha na Sàbaid 6mh dhen t-Sultain 2020

Ùrnaigh aig 7f

Anns na mìosan a chaidh seachad, tha sinn air atharraichean mòra fhaicinn anns na dòighean anns a bheil sinn a' tighinn còmhla mar shluagh Dhè. Airson adhbharan matha, chaidh cuingealachadh a chuir air na h-aireamhan de dhaoine a dh'fhaodas coinneachadh airson ùrnaigh agus adhradh. Tha dùblannan an lùib sin, dùblannan leanntainneach.

Ma dh'fhaoidte gu bheil sinn a' faireachdainn aig amannan gu bheil an cuingealachadh seo air ar coinneamhan - an dà chuid an làthair agus air loidhne - a' call beagan dhen bhrìgh. Ach tha sealladh eile againn ann an Soisgeul Mhata, far a bheil ìosa ag innse dhuinn, "far a bheil dithis no triùir air an cruinneachadh nam ainm-sa, an sin tha mise nam measg." (Mata 18: 20). Ge b'e an t-àite no an dòigh anns a chruinneachas sinn, tha ìosa an làthair agus cha trèig e a-chaoidh sinn idir. Chan eil sinn nar n-aonar. Dèanamaid ùrnaigh:

A Dhè bheò,
Tha thu gar cruinneachadh còmhla
às gach ceàrn dhen t-saoghail,
gus an toir sinn moladh dod Ainmn Naomh.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,
Tha sinn a' cruinneachadh ann an làithean neònach,
Gu fiosaigeach no air loidhne,
agus tha sinn a' guidhe ort gun gabh thu ris ar n-adhraidh a-chum cliù d'Ainme Naoimh.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,
Tha thu gar cruinneachadh còmhla,
maille ris an fheadhainn a chaidh romhainn.
Glèidh sinn, a Dhè, ar fear-coimhid, oir is sinn do shluagh.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,
Tha sinn a' tighinn còmhla le cinnt
gu bheil ìosa nar measg,
nuair a chruinneachas sinn na ainm.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,
Ma thig sinn còmhla le dithis no triùir,
no ma thig sinn thugad nar n-aonar,
na trèig sinn a-chaoidh.
A Thighearna, na do tròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,
Tha sinn a' cruinneachadh maille ri do phoball gu lèir,
Agus mar aon tha sinn ag aideachadh gur e ìosa Crìosd an Tighearna,
a-chum glòir Dhè an t-Athair.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

Soidhnichte:

- An Ceart Urramach Màrtainn Fair, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba
- Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann
- Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean, Eaglais Easbaigeach na h-Alba
- An t-Urramach Iain Fulton, Moderàtor, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba

- An t-Urramach Daibhidh Pickering, Moderàtor, Eaglais Ath-Leasaichte Aonaichte (Alba)
- An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba
- An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam Methodach (Alba)
- An t-Urramach May-Kane Logan, Cathraiche, Caidreachas Co-thisionalach ann an Alba
- Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte
- Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)
- An t-Urramach Jim Ritchie, Àrd-Neach-Stiùiridh Roinn-Dùthcha, Eileanan Bhreatainn, Eaglais an Nàsaraich
- Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba, Eaglais Chriosdal air Saoradh le Dia
- Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam mìon-shluagh còmhla ann an Alba (MECTIS)
- An t-Urramach Fred Drummond, Stiùiriche, Caidreachas Soisgeulach (Alba)